

---

**Semeastar 1 2008-09**

*Prògraman a bhios a' cleachdadh pàipear na deuchainn:*

BA Gàidhlig is na Meadhanan  
An Dàrna Bliadhna

---

<b>Tìotal a' Mhodail:</b>	Aithriseachd Làitheil
<b>Còd a' Mhodail:</b>	UP508366
<b>Ceann-là:</b>	Diciadain 10 An Dùbhlachd 2008
<b>Uair/Ùine:</b>	1.30 - 3.30

'S fhiach an deuchainn se **25%** de na comharran a ghabhas faighinn gu h-iomlan sa mhodal.

**A' crìochnachadh do dheuchainn:**

Chan eil leabhraichean ceadaichte airson na deuchainn seo. Thèid a toirt seachad aig an uair gu h-àrd air latha na deuchainn. Chan fhaodar stuth sgrìobhte sam bith a thoirt a-steach do sheòmar na deuchainn.

Gheibhear còig mionaidean airson na ceistean a leughadh aig toiseach na deuchainn. Chan fhaod oileanaich càil a sgrìobhadh/faodaidh oileanaich notaichean a ghabhail sa chòig mionaidean seo.

Tha coig ceistean san deuchainn seo. Feumaidh tu dà cheist a fhreagairt a-mach às na coig ceistean seo.

Cuir an àireamh oileanaich agad, agus àireamh an ionaid-mheasaidh a-mhàin aig mullach gach leabhair-fhreagairt. Na cuir d' ainm air gin de na duilleagan. Cuir loidhne tro notaichean nach eil thu ag iarraidh a bhith air an cunntadh. Chan fhaod thu am pàipear le na ceistean a thoirt a-mach à seòmar na deuchainn.

---

(1) Mìnich na dòighean anns a bheil na meadhanan cudromach do luchd-poilitigs agus na dòighean anns a bheil luchd-poilitigs cudromach do na meadhanan.

[50%]

(2) Carson - agus ciamar - a tha am bun-smaoin “an cruinne poblach” feumail nuair a tha sinn a' dèanamh sgrùdadh air na meadhanan?

[50%]

(3) A bheil na laghan a tha a' toirt buaidh air aithriseachd-làitheil ro làidir, ro lag no aig an ìre cheart? Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

[50%]

(4) Dè na leasachaidhean air an Eadar-lìon as cudromaiche do aithriseachd-làitheil? Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

[50%]

(5) Ciamar a tha còdaichean mhodhannan feumail ann an aithriseachd-làitheil?

[50%]